



Caipseanan


Stiùreadh

Eòlasan agus Builean

Litearrachd agus Gàidhlig

Sgrìobhadh: cleachdadh agus a' cur òrdugh air fiosrachadh

LIT 1-25a/1-26a



Gnè sgrìobhaidh

Foincseanach - a' sgrìobhadh chaipseanan a dh'inneas dè th' ann an dealbh.

Stuthan

Faigh lorg air leabhraichean anns a bheil caipseanan. Cùm anns an oisean-leughaidh iad no faisg air eisimpleirean sgrìobhaidh na cloinne.

Gnìomh sgrìobhaidh

Builean Ionnsachaidh

A' cuir caispean ri dealbhan gus innse dè th' unnta.

Gabhaidh an gnìomh seo a dhèanamh aig trì diofar ìrean a rèir comas na cloinne:

Ìre 1 - Nì an sgoilear dealbhan agus sgrìobhaidh an tidsear na chanas an sgoilear.

Ìre 2 - Nì an sgoilear na dealbhan agus sgrìobhaidh e na caipseanan aige fhèin.

Ìre 3 - Smaoinichidh an sgoilear air cuspair anns a bheil ùidh aige. Cuiridh e ri chèile faidhle fiosrachaidh air a' chuspair sin a' cleachdadh chaipseanan agus dealbhan.



Caipseanan

An Teaghlach Agam le Finn Lee

Seo m' athair agus mo mhàthair.



Seo mo bhràthair mòr.



Seo a' chàraid.



Seo mo bhràthair beag.



'S e caipseanan a chanas tu ri na seantansan a tha os cionn gach dealbh.

Carson a tha thu a' smaoinichadh a chleachd Finn caipseanan?

Ceart no ceàrr? Cleachd ✘ no ✔

1. Tha dà sheantans anns gach caipsean.
2. Tha gach caipsean ag innse cò tha anns an dealbh.
3. Tha na caipseanan a' toirt dhut fiosrachadh mu gach neach san teaghlach.
4. Tha gach caipsean a' tòiseachadh le 'Seo?'
5. Tha stad-phuing aig deireadh gach caipsean.



Caipseanan

1. Sgrìobh dà chaipsean a dh'inneas mu dhithis den teaghlach agad fhèin.

.....
.....

2. Sgrìobh dà chaipsean a dh'inneas mu dhà phàirt den sgoil agad fhèin.

.....
.....

3. Sgrìobh dà chaipsean a dh'inneas mu dhà phàirt den taigh agad fhèin.

.....
.....

4. Smaoinich air agus sgrìobh ainm ceithir àitichean anns a' bhaile agad.

1. 2.

3. 4.



Caipseanan

5. Dèan dealbh de na ceithir àitichean a thagh thu anns na bogsaidhean air an duilleig a leanas. Sgrìobh caipsean airson gach dealbh.

Am baile agam fhèin

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....

.....